



FIOS NAIDHEACHD  
CLEACHD BHO SMH SULTAIN 2003.

## BÒRD NA GÀIDHLIG AG AINMEACHADH PRÌOMH LUCHD-OBRACH

Tha a' bhuidheann leasachaidh Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, an-diugh ag ainmeachadh ceithir prìomh luchd-obrach a bhios a' tòiseachadh nan dreuchdan aig a' Bhòrd anns na seachdainean a tha romhainn.

Chaidh an t-Ollamh Michelle NicLeòid ainmeachadh mar Mhanaidsear Dealbhadh Cànan. Bha Michelle (31) na Manaidsear stèidheachaidh agus Ceannard Foghlaim aig Ionad Chaluum Chille Ìle agus bho chionn ghoirid bha i cuideachd na Stiùiriche air an Ionad. Chuir i seachad trì bliadhna an urra mar neach-teagaisg agus òraidiche ann an Oilthighean Obar Dheathain agus Oilthigh Nàiseanta na h-Èireann ann an Gaillimh.

Chaidh Domhnall U. Moireasdan ainmeachadh mar Manaidsear Leasachaidh a' Bhùird. Tha Dòmhnall (44) air a bhith ag obair aig Comhairle nan Eilean mar oifigear leasachaidh Ealain agus Cultar airson Uibhist is Barraigh anns na sia bliadhna mu dheireadh, agus roimhe sin bha e na leas-stiùiriche air Pròiseact nan Ealain. Tha e air obair cuideachd mar chleasaiche proifeiseanta air stèids, telebhisean agus rèidio agus tha eòlas aige mar neach-teagaisg dràma.

Tha Ailig Greumach a' faighinn dreuchd Manaidsear Ionmhas agus Rianachd a' Bhùird. Tha Ailig (51) air a bhith ag obair air a cheann fhèin mar Neach-cunntais Barrantaichte thairis air na naoi bliadhna mu dheireadh agus tha e air air obrachadh còmhla ri mòran bhuidhnean aig a bheil pàirt chudromach ann an leasachadh na Gàidhlig. Roimhe sin bha eòlas còig bliadhna deug aige ann an ionmhas poblach agus prìobhaideach agus ann an obair stiùiridh.

Chaidh Crìosaidh Nicrath ainmeachadh mar Neach-taice Pearsanta/ Rùnaire. Thàinig Crìosaidh (28) gu Bòrd na Gàidhlig air cùmhntachd ghoirid nas tràithe air an t-samhradh agus tha i a-nis a' faighinn àrdachadh chu na dreuchd làn-ùine seo. As dèidh ceumnachadh bhon oilthigh fhuair Crìosaidh eòlas ann an grunn dhreuchdan rianachd, gu sònraichte anns na roinnean craolaidh agus riochdachadh telebhisean.

Chuir cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Donnchadh MacFhearghais, fàilte air na feadhainn a chaidh fhastadh.

"Tha mi toilichte fàilte a chuir air an naidheachd gun deach na dreuchdan cudromach seo a lìonadh agus gum faigh sinn a-nis air obair a' Bhùird a ghluasad air adhart. Tha dùbhlann mhòr agus inntinneach romhainn ann a bhith a' deasachadh agus a' lìbhrigeadh a' Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig, agus tha sgioba làidir againn a-nis a chuireas taic ris an àrd oifigear againn ann a bhith a' toirt rùn a' Bhùird gu buil".

Thuir Àrd Oifigear Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul: "'S e ceum mòr air adhart a tha seo don Bhòrd agus tha fadachd orm an sgioba fhaighinn còmhla agus tòiseachadh air an obair. Bha an t-uamhas de dh'obair rianachd againn ri dhèanamh ann a bhith a' stèidheachadh a' Bhùird, ach tha na dreuchdan ùra seo a' comharrachadh fìor thoiseach tòiseachaidh nar cuid obrach. Bi beagan sheachdainean ann fhathast mus faigh sinn a h-uile duine suidhichte nan dreuchdan, ach tha sinn da-rìribh air bhog a-nis!"

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Àrd Oifigear Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul: Fòn: 01463 723 570

>>>>>



Cùl-fhiosrachadh:

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB) a tha ann am Bòrd na Gàidhlig (Alba) a tha stèidhichte le, agus cunntachail do, Mhinistearan na h-Alba. Tha am Bòrd ag amas air tabhartas na Gàidhlig do bheatha chultarail na h-Alba àrdachadh agus a chliùthachadh; taic agus brosnachadh a thoirt do chothroman ùra airson a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an Alba; taic agus brosnachadh a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig anns gach pàirt de bheatha na h-Alba ; agus a' Ghàidhlig a neartachadh mar theaghlach agus cànan coimhearsnachd le bhith a' meudachadh àireamh luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

Tha bun laghail air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig bhon Mhàirt 2003 agus chaidh a stèidheachadh mar fhreagairt don Bhuidheann-gnìomha Gàidhlig, Aithisg (Mhic a Phearsain) anns an t-Sultain 2000, a mhol gum bu chòir buidheann leasachaidh ùr stàiteil a chruthachadh airson na Gàidhlig. Chaidh am moladh seo a leasachadh gu Bòrd na Gàidhlig leis a' Bhuidheann Comhairleachaidh Ministreil, Aithisg (Meek), a chaidh fhoillseachadh air 22 Cèitean 2002.

Dh'innis am Ministear aig an robh uallach airson na Gàidhlig aig an àm, Micheal MacBhàtair BPA, gun robh e a' cruthachadh Bòrd na Gàidhlig aig Còmhdhail Nàiseanta Chomunn na Gàidhlig ann an Inbhir Narann air 14 Òg-mhìos 2002. Tha Bòrd na Gàidhlig air fhaicinn mar chlach-mhìle chudromach anns an t-strì gus a' Ghàidhlig ath-bheòthachadh agus a leasachadh.

Thòisich cathraiche a' Bhùird na dhreuchd air 1 Dùbhlachd 2002 agus ghabh còignear bhall eile an àite air a' Bhord air 1 Faoilleach 2003. Tha ballrachd Bòrd na Gàidhlig mar a leanas:

Mgr Donnchadh Fearghasdan (Cathraiche)  
A Bh. Ph. Agnes Rennie  
Mgr Boyd Robasdan  
Mgr Art MacCarraig  
A Bh. Ph. Rosemary Nic a' Bhàird  
Ceit Anna NicLeòid

